



Ceistean agus Freagairtean

Coimhead air duilleag 119.

- 1. Dè am facal no abairt eile a tha a' ciallachadh an aon rud ris an fhacal 'sanntach' an seo.**

Miannach, gionach, le iarrtas làidir air rudan nach eil agad.

- 2. Nad fhaclan fhèin, inns dè tha an gnàthas-cainnt, "gur daor a cheannaich mi an rud a fhuair mi an-asgaidh" a' ciallachadh san dàrna paragraf.**

Tha seo a' ciallachadh gun do phàigh an neach-labhairt gu mòr air rudeigin a fhuair e an-asgaidh. Mar eisimpleir, nan toireadh cuideigin rud dhut is nach iarradh e airgead air a shon, dh'fhaodadh tu a bhith cinnteach gum feumadh tu a phàigheadh air ais air dhòigh air choreigin eile an ceann ùine.

- 3. Nad fhaclan fhèin, mìnich am facal 'ìmpis'.**

Cha mhòr, faisg air, gus a bhith.

- 4. Dè a' bhuidh a th' aige gu bheil an sgrìobhadair a' cleachdadh an fhacail 'villa'?**

'S e facal Laidinn a th' ann a' 'Villa' agus tha e a' toirt air an leughadair smaointinn gur e taigh spaideil agus caran sòghail a th' ann. Tha seo a' cuideachadh gus dealbh a chruthachadh nar n-inntinn gun robh tòrr airgid aice agus gun robh e cudromach dhi gun robh taigh mòr àlainn mar seo aice.

Coimhead air duilleag 121.

5. Mìnich ‘tumadh’ nad fhaclan fhèin.

Bogadh, ga chur don bhobhla

Coimhead air duilleag 122.

“... eangarra ...”

6. Mìnich ‘eangarra’ nad fhaclan fhèin.

Feargach, fiadhaich, ann an droch shunnd, gun mòran foighidinn

Coimhead air duilleag 123.

7. (a) Dè an sgit-sgrìobhaidh a tha an t-ùghdar a’ cleachdadh aig toiseach a’ chiad pharagraf?

Tha am paragraf a’ fosgladh le trì seantansan uabhasach fhèin goirid agus an aon fhacal air a ràdh trì tursan.

(b) Dè a’ bhuidh a th’ aig an sgit-sgrìobhaidh seo?

Tha na seantansan goirid seo a’ samhlachadh na tha a’ tachairt san sgeulachd. Tha i na suidhe ann an taigh-bìdh a’ caoineadh. Tha e doirbh dhi bruidhinn a chionn ‘s gu bheil i a’ gal, agus mar sin, tha e freagarrach gu bheil na tha i ag ràdh ann an seantansan goirid. Tha i a’ bruidhinn ann an seantansan goirid oir tha i a’ feuchainn ri sgur a chaoineadh agus smachd fhaighinn air na faireachdainnean aice.

Coimhead air duilleag 128.

“Thug e mo char asamsa...”

8. Dè tha thusa a’ tuigsinn bhon ghnàthas-cainnt seo san dàrna paragraf?

Gun tug e air rudeigin a chreidsinn; gun robh e a’ tarraing às; gun do rinn e clic air choreigin air.

“Ghoideadh am fear ud a’ bhoiteag bhon chirc dhall.”

9. Dè tha thu a’ tuigsinn bhon ghnàthas-cainnt seo san aon pharagraf?

Gun goideadh e rud sam bith. Gum biodh e deònach rudeigin a ghoid bho chreutair neo-chiontach aig nach biodh mòran cothrom rud den t-seòrsa sin fhaighinn a-rithist.

Coimhead air duilleag 138 agus an sgeulachd air fad...

“Chan e boireannach sanntach a th’ annam.”

10. Tha e inntinneach gu bheil an sgeulachd a’ tòiseachadh agus a’ crìochnachadh leis na faclan seo.

Tron sgeulachd, tha e nochdte gur e boireannach sanntach a th’ innte.

Tagh dà abairt bhon sgeulachd agus mìnich mar a tha iad a’ dearbhadh gun robh am boireannach dha-rìribh sanntach.

“Tha còir agam a bhith taingeil nach eil Mairead ... ag iarraidh airgead bhuam.” (Coimhead air duilleag 119) – Cha robh i deònach airgead a thoirt seachad idir.

“Tha e coltach gum feum mi (am Mercedes) a reic mus faigh mi a-mach às an t-sitig seo.” (Coimhead air duilleag 120) – Bha i ga fhaicinn na chruaidh-chàs uabhasach gum feumadh i an càr spaideil aice a reic.

“Bha mi air mo bhrùthadh gu beagan dheth ... uill, mòran dheth a ghabhail.” (Coimhead air duilleag 125) – Bha i a’ dol a ghabhail tuilleadh ri ithe ged a bha i làn.

“Ghabh mi tùr de chèic agus truinnsear de shùbhan-craoibh còmhla.” (Coimhead air duilleag 125) – Bha i ag ithe tòrr a bharrachd de rudan milis na dh’fheumadh i.

“Nuair a dh’fhairich mi blas na cèic agus an t-sùgh còmhla, bha a h-uile pàirt dhìom bàthte ann am mìlseachd bhlàth.” (Coimhead air duilleag 126) – Tha i daonnan a’ smaointinn gu sanntach mu rudan milis agus cho math ‘s a tha iad a’ còrdadh rithe.

“...nach robh àrachas agam...” (Coimhead air duilleag 130) – Ged a bha airgead gu leòr aice ri chosg air Mercedes agus villa, cha robh airgead aice airson àrachas a phàigheadh airson na rudan sin a dhìon.